

# Annual Report and Accounts 2008–09







# Aithisg an Àrd-oifigeir

B' e bliadhna chudromach a bh' ann an 2008/09 dha SNH oir bha ar n-obair air a threòrachadh le ro-innleachd agus plana corporra ùr. Chuir seo daoine, còmhla ri nàdair, aig cridhe ar libhrigidh. Tha daoine nam pàirt cudromach den cho-ionannachd, oir 's iad sluagh na h-Alba ar luchd-ceannach. 'S iad daoine cuideachd a tha deatamach ann a bhith a' coileanadh 12mh Buil Nàiseanta na h-Alba: "Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar dualchas thogte agus nàdarrach agus tha sinn ga dhìon agus a' toirt feabhas air dha na ginealaichean ri teachd", agus 's e seo aon de na 15 prìomhachasan a chuir Riaghaltas na h-Alba romhpa. Tha an Riaghaltas air a dhèanamh soilleir gu bheil àite cudromach aig SNH ann a' bhith a' libhrigeadh a' Bhuil seo. Tha sinn cuideachd a' cur ri mòran de na 14 Builean Nàiseanta eile. Tha sinn a' creidsinn gu làidir gu bheil dualchas nàdarra na h-Alba na bhun bloca togail ann a bhith a' coileanadh nam Builean sin agus prìomh rùn an Riaghaltais, agus 's e sin "seirbheisean an Riaghaltais agus poblach a chuireadh air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachail, le cothroman dha Alba air fad tarbhachd a thoirt a-mach, tro àrdachadh ann am fàs eaconamach seasmhach".

Chan e a-mhàin gum feum Aithisg Bhliadhnail buidheann soirbheachail sam bith iomradh a thoirt air a' bhliadhna; air na chaidh a libhrigeadh agus air chosgaisean, ach feumaidh e sealltainn gu bheil am buidheann buntainneach agus luachmhor. Tha buntainneas ri na Builean Nàiseanta ro chudromach dhuinne agus tha an aithisg seo a' mineachadh mar a tha ar còig Prìomhachasan Ro-innleachd Corporra a' libhrigeadh seo. Ged a tha iad sin nam prìomhachasan dha SNH, tha e soilleir gu bheil iad cuideachd nam prìomhachasan dha Alba. Airson gach aon dhiubh, tha sinn a sealltainn mar a tha na builean a tha sinn a' feuchainn ri choileanadh co-cheangailte ri Frèam Coileanadh Nàiseanta. Tha cuid de ar prìomh euchdan (leudaichte sna h-earrannan a leanas) mar a leanas:

- Tha sinn air leantainn a' leudachadh an dìon a tha àrainnean agus gnèithean ann an Alba a' faighinn, agus tha prìomh àite air a bhith againn ann a bhith a' libhrigeadh Prògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba.
- Tha ar Frèam Gniomha airson Gnèithean air cuideachadh gus gnìomhan susbainteach a libhrigeadh airson prìomh gnèithean air a bheil iomagain glèidhteachais sònraichte, nam measg obair air cait fhiadhaich, deuchainn do-bhair-chù agus a bhith a' toirt a-steach iolairan-mara chun an oirthir an ear.
- Tha sinn air mothachadh de Chòd Ruigsinneachd Blàr A-muigh na h-Alba a chur air adhart agus air cur-seachadan air an dùthaich a bhrosnachadh, agus tha sin air an ceudad de dh'ìnbhich na Alba a tha a' dèanamh co-dhiù aon turas chur-seachadan dhan bhlàr a-muigh gach seachdain àrdachadh gu 47%.
- Sa bhliadhna nuair a thug am Pannal Eadar-Riaghaltais air Atharrachadh Gnàth-shìde rabhadh gun robh blàthachadh aimsir na cruinne gun mhearachd, tha sinn air astar ar n-obair air caochladh gnàth-shìde a leudachadh a' sireadh dhòighean anns an urrainn dha àrainnean agus gnèithean a bhith air an cuideachadh gus a thighinn beò tro, no thighinn suas ri pàtran an aimsire eadar-dhealaichte.
- Tha sinn air aithisg ùr fhoillseachadh a tha a' nochdadh teisteanas làidir den luach eaconamach a tha aig dualchas nàdarra.
- Tha sinn air gnìomhan a dhèanamh gus ar tabhartas a chur air taobh siostam leasachadh planaigh gus am bi e cho cuideachail agus cho ro-innleachdail 's a ghabhas, gus am bi ar comhairle ann an deagh àm agus cho cuideachail 's a ghabhas gus taic a thoirt do leasachadh eaconamach seasmhach.
- Mu dheireadh tha sinn air feuchainn ri ar n-obair a libhrigeadh ann an dòigh a tha a' toirt an luach as motha 's a ghabhas dhan sporan poblach. Mar thoradh air an sin chuir sinn còrr is £8m ris a' Phrògram Riaghaltas Èifeachdach, a tha, a thuilleadh air a bhith a' faighinn cuidhteas àitean còmhnaidh anbharr, air £2.9m de èifeachdasan a' tachairt a-rithist a ni cinnteach gun lean sin a' toirt sheirbheisean nas fheàrr aig prìosan nas ìsle sna bliadhnaichean a tha romhainn.

# Prìomhachas 1: Cùram dha Nàdair

## Na builean a tha sinn a' sireadh ri choileanadh:

- Àrainnean fiadh-bheatha beairteach agus eadar-mheasgte air muir agus tìr, le stiùireadh a tha a' cumail suas eag-shiostaman fallain;
- Call ann am bith-iomadachd air an stad ro 2010 agus modh-obrachaidh làidir airson a dhol am feabhas a chur an sàs;
- Earrannan glèidhteachais sònraichte a tha air an deagh riaghladh, le co-dhiù 95% ann an staid fhàbharach no a' dol am feabhas ro 2010;
- Tuigsinn agus luach nas motha a chur air nàdair agus daoine a dhol an sàs nas dlùithe agus barrachd cùram a ghabhail ann a bhith a' stiùireadh an nàdair mun cuairt orra;
- Barrachd chothroman dha daoine òga ionnsachadh mu shaoghal nàdair agus an fheum airson dòighean-beatha seasmhach.

## Na tha sinn air a libhrigeadh

Ged a tha comharran bith-iomadachd nàiseanta a' sealltainn gu bheil cudroman leantainneach air àrainnean nàdarra agus eag-shiostaman tha sinn air adhartas math a dhèanamh ann a bhith a' lùghdachadh cuid de na cudroman sin. Tha sinn cuideachd nar com-pàirtiche ann an Co-iomairt Ro-innleachd nam Fiadh Fhiadhaich (a chaidh a chur air bhog aig deireadh 2008) a tha na inneal cudromach airson làimhseachadh nam fiadh a leasachadh air feadh Alba. Bha àite cudromach againn cuideachd ann a bhith a' leasachadh agus a' cur an sàs Prògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba, agus an lùib sin chuidich Cùmhnantan Leasachaidh Dùthchail stiùireadh co-fhaireachail a neartachadh an dà chuid air làraich dhionta agus air an dùthaich gu lèir. Chuir sin ris an ullachadh airson reachdas ùr airson stiùireadh na mara agus stèidheachadh Uisgeachan na h-Alba (Marine Scotland), a' coinneachadh a h-uile riatanas aig an Riaghaltas - nam measg a' cur an cèill stiùireadh air slatan-tomhais taghaidh airson Ceàrnaidhean Dìonta Mara. Chaidh làrach Natura na h-Eòrpa eile aig Rubha Garron a shònrachadh leis an Riaghaltas an dèidh comhairle agus co-chomhairle le luchd-obrach, le deagh adhartas air dà leudachadh agus trì làraich ùra.

A dh'aindeoin 's gu bheil sinn air na h-uiread de phiseach fhaicinn ann an inbhe prìomh ghnèithean agus àrainnean cuid de Phlana Gníomha Bith-iomadachd (BAP) ann an Alba tha cuairt aithrisean UKBAP air sealltainn gu bheil lùghdachadh leantainneach ann an cuid de dh'fheadhainn eile. Tha prìomh àite againn ann a bhith a' cur an sàs Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba thro shreath de Bhuidhnean Eag-shiostam. Tha sinn air pròiseactan a dhèanamh air 32 gnè chuimsichte tro Frèam Gníomha Ghnèithean: nam measg obair air cait fhiadhaich, deuchainn do-bhair-chù agus a bhith a' toirt a-steach iolairan-mara chun an oirthir an ear a-rithist. Tha soirbheachadh cudromach air a bhith againn nar n-oidhirpean ann a bhith a' cumail smachd air creachadairean a chaidh a thoirt a-steach dha na h-Eileanan Siar gun eòin a tha a' neadachadh air an talamh a dhion: Tha Uibhist a Tuath a-nis an ire mhath saor bho ghràineagan, agus thathas a-nis air 800 mionc a ghlacadh sna h-Eileanan Siar.

An-dràsta, tha 1456 Ionad de Ùidh Shònraichte Shaidheansail (SSSI) ann an Alba; is iad sin làraich a tha air an dìon gu nàiseanta. 'S e làraich natura a th' ann an cuid dhiubh cuideachd: làraich a tha air an comharrachadh sònraichte anns an Roinn Eòrpa. Tha àite sònraichte aig SNH ann a bhith a' comharrachadh, ag ainmeachadh agus a' cumail sùil air na làraich sin a thuilleadh air a bhith a' toirt comhairle mu an riaghladh. Ann an 2008/09 dhèilig sinn ri 550 iarrtas airson comhairle agus iarrtasan airson cead airson obair a dhèanamh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na Làraich.

Aig deireadh na Màirt 2009, chaidh aithris gun robh 78.4% de fheartan nàdarra air làraich dhionta ann an staid fhàbharach. Tha seo an coimeas ri 77.5% aig deireadh 2008 agus 71.5% a' bhliadhna roimhe. Tha am piseach beag seo na shamhla air dicheall ar luchd-obrach agus uachdaranan agus tha

## Tha am prìomhachas seo a' cur ri na Builean Coileanaidh Nàiseanta a leanas

Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às ar n-àrainneachd thogte, nàdarra agus tha sinn ga dìon 's a' toirt feabhas oirre dha na ginealaichean ri teachd.

Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail; nan com-pàirtichean buadhach agus nan saoranaich ciallach.

Tha sinn a' dèanamh uail à ionannachd nàiseanta làidir, cothromach agus in-ghabhalach.

Tha sinn a' lùghdachadh na buaidh ionadail agus cruinneil aig ar caitheamh agus dèanamh.

e a' sior fhàs follaiseach nach coileanar an t-amas de 95% de làraich a bhith ann an staid fhàbharach ro 2010. 'S iad eileamaidean eile mar atharrachadh gnàth-shìde agus a bhuidhean, mar eisimpleir, am biadh a tha ri fhaotainn airson eòin-mhara, nam prìomh adhbharan nach eil e comasach dhuinn staid fhàbharach a choileanadh. A thaobh feartan far a bheil comas leasachaidh ann air-làrach, bha 84% de dh'fheartan ann an staid fhàbharach sa Mhàrt 2009, an coimeas ri 82.4% sa Mhàrt 2008. Ged a tha stiùireadh fàbharach nas fhasa a choileanadh ann an teòiridh air làraich mar sin tha e glè thrì an urra ri manaidsèaran fearainn ionadail gabhail ri siostam stiùiridh sònraichte, no dh'fhaodadh e a bhith an urra ri stòras a tha a' dol a-mach às a' cheàrnaidh a th' air a dhìon. 'S eisimpleir dhen seo a th' ann an Ionadan Ùidh Shònraichte Shaidheansail (SSSIan) far a bheil feurach na dhuilgheadas ach feumaidh am fuasgladh co-obrachadh thar ceàrnaidh mhòr de thalamh àrd a' toirt a-steach uachdranas fearainn iom-fhillte.

Tha iris ùr SNH 'The Nature of Scotland' air cur ri brosnachadh an tuigse agus an luach a th' aig an t-sluagh air nàdar agus dealbh-tìre na h-Alba. Tha cothroman do luchd-obrach saor-thoileach air Tèarmann Nàdair Nàiseanta (NNRan), tabhartasan do BTCV (Urras Bhreatainn airson Luchd-obrach Saor-thoileach Glèidhteachais) carthannais eile, agus brosnachadh don dà chuid tèarmannan nàdair ùr no a th' ann mu thràth, air leigeil le daoine a dhol an sàs nas dlùithe le bhith a' cumail rian air an nàdar mun cuairt orra. Chaidh soidhnichean ùra a chur suas air 3 NNRan agus chaidh slighe aig Bàrr Mòr ann an Taighnis agus àrd-ùrlar seallaidh ann an Cille Bhlàthain a chrìochnachadh. Chuimsich sinn iomairt meadhanan air NNNRan – pàirt de ar Ro-innleachd Conaltraidh. Lean sinn oirnn cuideachd a' leasachadh solar luchd-turais ann an NNRan tro ar Pròiseact Inbhean.

Gus an teachdaireachd airson urram ceart dha nadar fhad 's a tha sinn a' faighinn buannachd bhuaite a bhrosnachadh, chuir sinn air bhog Còd na Fosail agus chleachd sinn na meadhanan agus ar iris fhèin gus an deagh chleachdadh a tha e a' cur air adhart a thoirt am follais. Lean sinn oirnn cuideachd a bhith an sàs gu dèanadach ann an Com-pàirteachadh an aghaidh Eucoir Fiadh-bheatha, Alba (PAWS), a tha a' sireadh ri reachdan fiadh-bheatha nas fheàrr a chur an gnìomh.

Tha ar dòigh dèiligidh ri Tabhartasan air atharrachadh gu mòr ann am bliadhna, oir chan eil sinn a' tabhann tabhartasan raointean sgoile tuilleadh oir, tha am maoinèachadh air an son a-nis nam pàirt de mheall-thabhartas nan ùghdarrasan ionadail. Ach, tha sinn air leantainn oirnn a' toirt thabhartasan gus cuideachadh a thoirt do dhaoine òga ann a bhith ag ionnsachadh mu shaoghal nàdair agus an fheum airson dòighean-beatha sheasmhach agus chùim sinn grunnan thachartasan air Roinn Deagh Chleachdadh le bhith a' stiùireadh turais sgoile air làraich agus bith-iomadachd. Thug Tabhartas do dh'Urras Foghlam Rìoghail na Gàidhealtachd taic do 12,000 cloinne tadhail air tuathanasan.

# Prìomhachas 2: Atharrachadh Gnàth-shìde

## Na builean a tha sinn a' sireadh ri choileanadh:

- Nas lugha de ghasaichean millteach air an leigeil ma sgaoil
- Eag-shiostaman a tha a' cuideachadh dhaoine agus fiadh-bheatha tighinn suas ri ar n-aimsir a tha ag atharrachadh

## Na tha sinn air a lìbhrigeadh

Mar phàirt de ar n-obair gus cuideachadh a' cumail eag-shiostaman suas agus gus leigeil le daoine agus fiadh-bheatha tighinn suas ris ar n-aimsir a tha ag atharrachadh dh'fhoillsich sinn aithris air suidheachadh agus leasaich sinn plana gnìomha. Tha seo a' cur an cèill àite dualchas nàdair ann a bhith a' dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde agus na gnìomhan a thèid a dhèanamh thar na 5 bliadhna a tha romhainn. Thug ar n-obair air cumhachd ath-nuadhachail an dà chuid air tìr agus aig muir cuideachadh do Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' cumail ri chlàr-ama ann an coileanadh a thargaid airson 2020 airson a bhith a' sgaoileadh a-mach cumhachd ath-nuadhachail. Mar phàirt den obair seo dh'fhoillsich sinn mapa làrach-coise tuathanas-gaoithe air ar làrach-lìn gus cur ri leasachadh cumhachd ath-nuadhachail le bhith a' comharrachadh cheàrnaidhean nach eil cho cugallach a thaobh na h-àrainneachd. Dh'obraich sinn còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air am Frèam Freagarrachaidh airson Gnàth-shìde agus thug sinn teisteanas do Riaghaltas na h-Alba air Bile Atharrachadh Gnàth-shìde (Alba).

Tha sinn air leantainn oirnn a' lùghdachadh na tha SNH a' leigeil ma sgaoil de ghasaichean millteach, a' coileanadh 3% de lùghdachadh ann an siubhal agus lùghdachadh 2% ann an cleachdadh cumhachd. Bho 2010 tha sinn air cur ro SNH targaid lùghdachaidh bliadhnail de 4% gach bliadhna.

Tha talamh na h-Alba na prìomh stòr de charbon, a dh'fhaodadh a bhith air a leigeil ma sgaoil an dà chuid le buaidhean atharrachadh gnàth-shìde agus atharrachaidhean cleachdadh fearainn air nach do bheachdaich gu ceart. Cho-mhaoinich sinn rannsachadh a' coimhead ri dè cho cudromach agus a bha ùir mar shìnc charbon ann an Alba agus sa Chuimrigh agus cho cugallach 's a bha e a thaobh buaidhean atharrachadh gnàth-shìde. Dh'obraich sinn cuideachd còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air Frèam Ùireach na h-Alba agus dh'fhoillsich sinn toraidhean rannsachaidh air bleith mònach agus riaghladh àrainnean talamh-mònach.

Tha ar n-obair air pròiseact 'Innealan Luachaidh Bith-eòlach agus Àrainneachdail airson Cruthan-tìre' (BEETLE) air cur ri modhan-obrach a thaobh dàimhean àrainnean. Tha seo a' sireadh ri trannsaichean nàdarrach a chruthachadh a leigeas le àrainnean agus gnèithean tighinn suas ri agus gluasad mar a tha suidheachaidhean ag atharrachadh ri linn atharrachadh gnàth-shìde. Thug sinn taic cuideachd do dh'oileanachas PhD a' coimhead ri feumalachdan aimsire gnèithean luis à grunnan àrainnean, a' comharrachadh gnèithean a bha ann an cunnart bho atharrachadh gnàth-shìde agus na feumalachdan stiùiridh a bha a dhith orra.

Tha sinn air cuideachadh cudromach eile a thoirt ann a bhith a' toirt taic do dh'Òrdugh Frèam an Uisge, far an tug sinn comhairle dualchas nàdair do leasachadh Phlanaichean Stiùiridh Srathan Aibhnichean agus Planaichean Stiùiridh Ceàrnaidh, Cuidichidh na planaichean sin ann a bhith a' stiùireadh sgìrean ann an leithid de dhòigh agus nach bi iad cho dualtach do thuiltean a thuilleadh air buannachdan eile a thathar a' sùileachadh bho stiùireadh nas aonaichte.

# Tha am prìomhachas seo a' cur ri na Builean Coileanaidh Nàiseanta a leanas

Tha sinn a' lùghdachadh na buaidh ionadail agus cruinneil aig ar caitheamh agus dèanamh.

Tha sinn beò sàbhailte bho eucoir, mì-rian agus cunnart.

Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às ar n-àrainneachd thogte, nàdarrach agus tha sinn ga dìon agus a' toirt feabhas oirre dha na ginealaichean ri teachd.

# Prìomhachas 3: A' Libhrigeadh Slàinte agus Fallaineachd

## Na builean a tha sinn a' sireadh ri choileanadh:

- Barrachd com-pàirt a ghabhail ann a bhith a' gabhail tlachd às a' bhlàr a-muigh;
- Gu leòr àitean uaine de dheagh inbhe ann am bailtean mòra;
- Slàinte agus fallaineachd nas fheàrr;
- Pàtran an siubhail nas seasmhaiche, gu h-àraidh coiseachd no siubhal air rothair, faisg air far a bheil daoine a' fuireach;
- Coimhearsnachdan a bhith an sàs barrachd ann a bhith a' stiùireadh an àrainneachd ionadail, nam measg sin na cruthan-tìre mun cuairt orra;
- Dion èifeachdach agus stiùireadh de chruthan-tìre sònraichte;
- Barrachd mothachaidh dhan chuideachadh a thug dualchas nàdair eadar-mheasgte agus sònraichte na h-Alba dha ionannachd cultarach.

## Na tha sinn air a libhrigeadh

Tha sinn a' leantainn gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus tlachd a ghabhail às a' bhlàr a-muigh agus an còirichean air ruigsinneachd poblach ciallach a chur an gnìomh. Tha sinn air leantainn a' cur air adhart còd ruigsinneachd le iomairt le iomhaigh àrd sna meadhanan agus tha seo air mothachadh dha Còd Ruigsinneachd Blàr a-muigh na h-Alba a chumail aig 60% de dh'inbhich an àireamh-sluaigh. Ann an 2008, thadhail 47% de dh'àireamh-sluaigh inbheach na h-Alba air a' bhlàr a-muigh airson cur-seachadan co-dhiù uair san t-seachdain – àrdachadh nach mòr ach air an deach fàilte a chur bhon cheud de 44% ann an 2006 agus 2007. Tha sinn a' cumail oirnn ag obair còmhla ri com-pàirtichean agus tha sinn a' cleachdadh ar tèarmannan nàdair fhèin mar dhòigh air barrachd ruigsinneachd poblach a bhrosnachadh, ged a thathas mothachail gu bheil na h-irean com-pàirteachaidh aig a' cheann thall an urra ri raon farsaing de dh'eileamaidean air nach eil buaidh aig SNH.

Gus àitean uaine bailteil a thoirt (riatanach ann a bhith a' cur nàdair fa chomhair dhaoine, agus a' toirt mothachadh àite dhaibh) tha sinn air a dhol an sàs ann am pròiseact com-pàirteachaidh a tha a' sireadh ri àitean uaine a chlàradh agus tuairisgeul a thoirt orra. Tha sinn cuideachd air pàirt mhòr a ghabhail ann a bhith ag adhartachadh Lionra Uaine Meadhan na h-Alba, a tha a' toirt lionra de dh'àrainnean agus àitean uaine gus an àrainneachd a leasachadh ann an cuid de na ceàrnaidhean de dh'Alba anns a bheil an sluagh dùmhail. Chaidh Tèarmann Nàdair Ionadail (LNR) ùr a ghairm aig Pàirc Durrockstock, Pàislig agus, tro aithneachadh agus stiùireadh cheàrnaidhean beairteach ann am bith-iomadachd, fhuair barrachd dhaoine an cothrom ruighinn air an nàdair air an stairsneach fhèin.

Dh'ullaich sinn poileasaidhean air Slàinte & Fallaineachd, Buidhnean agus Coimhearsnachdan Mhi-leasaichte, a thèid a chur an gnìomh ann an 2010.

Ghabh sinn os làimh co-chomhairleachadh poblach air ar poileasaidh frith-ròidean ùra agus dh'fhoillsich sinn rannsachadh air Slighean Fad-astar Chur-seachadan. Chaidh a' chiad dreach de Phoileasaidh "Àitean Nàdarrach dha Daoine" (a' gabhail a-steach Pàircean Siorrachd, Pàircean Roinneil, Tèarmannan Nàdair Ionadail, msaa) ullachadh. Thug sinn maoin seachad a leigeas le Com-pàirteachas Frith-ròidean do nan Uile an ath cheum de am Pròiseact Deuchainn Togail Frith-ròidean a thoirt air adhart agus thug sinn taic do chùis chun an AE gus cuibhreachadh £500 air nithean ann an roghainn ruigsinneachd sa phrògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba a thoirt air falbh. Chosg sinn còrr is £1.2m a' toirt taic do fhrith-ròidean ionadail agus tro chobhair thabhartasan.

Tha gnìomhan gus riaghladh nas fheàrr de Earrannan Nàiseanta de Bhòidhchead Shònraichte na h-Alba a choileanadh nan stad mu choinneamh ullachaidhean iomchaidh de dh'Achd Planaidh (Alba),

Mar mheadhain air an dàimh làn fhaireachdainn a tha eadar daoine agus

## Tha am prìomhachas seo a' cur ri na Builean Coileanaidh Nàiseanta a leanas

Tha sinn beò nas fhaide agus tha ar beatha nas fallaine.

Tha sinn a' fuireach ann an àitean air an deagh dhealbhadh far an ruig sinn air na goireasan agus na seirbheisean a dh'fheumas sinn.

Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an gnìomhan fhèin agus mar a tha buaidh aca air daoine eile.

Tha sinn a' gabhail moit ann an ionannachd nàiseanta làidir, cothromach agus in-ghabhalach.

Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às ar n-àrainneachd thogte, nàdarrach agus tha sinn ga dion agus a' toirt feabhas oirre dha na ginealaichean ri teachd.

an sgìrean – ge b' e gur e neach fa leth no coimhearsnachdan a th' annta –, leasaich sinn Leabhar-àite Alba [Placebook Scotland] (a chuireadh air bhog san t-Samhain 2008). Tha seo a' leigeil le daoine fa leth am beachdan agus an dealbhan camara de na h-àitean far a bheil iad a' fuireach a phostadh air-loidhne. Thug sinn cuideachd taic dha Fòram Cruth-tìre na h-Alba ann a bhith a' dèanamh dreach de Bhann sgrìobhte Chruth-tìre na h-Alba, air a dhealbhadh gus sparradh agus cuimse mhath a thoirt air gnìomhan san àm ri teachd gus cruthan-tìre na h-Alba a leasachadh 's a neartachadh. B' e aon adhbhar airson na h-obrach seo Alba a chuideachadh gus a dleastanasan a choileanadh fo Chùmhnant Chruthan-tìre na Roinn Eòrpa. Chùm sinn tachartas Roinn an Deagh Chleachdaidh air Fàirean ag Atharrachadh, le cuimse air mineachadh clàr is cruth na tìre.

Thug sinn comhairle dha Ministearan an dèidh co-chomhairleachadh air crìochan Phàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

# Prìomhachas 4: A' toirt taic dha Eaconamaidh na h-Alba

## Na builean a tha sinn a' sireadh ri choileanadh:

- Dualchas nàdair na h-Alba air a chleachdadh gus stèidh a chumail ri fallaineachd eaconamach, gu h-àraidh ann an ceàrnaidhean a tha lag gu h-eaconamach
- Dualchas nàdair na h-Alba air a riaghladh gu seasmhach
- Mothachadh farsaing air na buannachdan eaconamach a tha a' tighinn bho dhualchas nàdair na h-Alba - nam measg àite ann a bhith a' tarraing agus a' cumail luchd-obrach
- Chan eil coimhearsnachd sam bith ann an Alba air beag chothrom air sgàth droch riaghladh an dualchais nàdair
- Àitean far an gabh luchd-tadhail tlachd à barrachd eòlas air dualchas nàdair
- Siostam stèidhichte airson planadh farsaingeachd ann an àrainneachd na mara – adhartas fìor mhath air a dhèanamh tro na tairgsean airson Bile Mara na h-Alba agus tha SNH air cur gu mòr ri seo.

## Na tha sinn air a libhrigeadh

Tha a bhith a' cur crìoch air rannsachadh air Buaidh Eaconamach Àrainneachd Nàdarrach na h-Alba agus foillseachadh bileag 'Dualchas Nàdair aig Cridhe Leasachadh Dùthchail', air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith a' dèanamh soilleir cudromachd eaconamach dualchas nàdair. Tha seo a' sealltainn an iomadh dòigh anns a bheil cruth-tìre nàdarrach na h-Alba a' cur ri a h-eaconamaidh agus a comas air luchd-obrach sgileil a ghleidheadh. Thathas air fàilte mhòr a chur air; 's e an dùbhlán a-nis am mothachadh seo atharrachadh gu dealas nas motha gu bhith a' coimhead às dèidh a' mhaoin chudromach seo agus gu dòigh dèiligidh a tha mothachail air an àrainneachd a chleachdadh airson oidhirpean san àm ri teachd airson prothaid a dhèanamh às.

Tha sinn air a bhith ag obrachadh gu dlùth còmhla ri co-obraichean ann an Coimisean nam Fèidh Alba (DCS) ann a bhith a planadh airson an aonachadh a th' air a mholadh den dà bhuidheann an dèidh reachdas comasachaidh. Is e rùn an dà bhuidheann gun toir seo dòigh nas aonaichte do stiùireadh nam fiadh agus thathas an dòchas gun toir deagh dhàimh obrach eadar uachdarain agus DCS buannachdan gu obair nas fharsainge a' bhuidhinn ùir.

A' togail air ar lèirmheas nas tràithe de ar n-obair planaigh, tha sinn air oidhirpean saothrachail a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' gabhail pàirt iomlan anns an iomairt an dràsta airson an t-siostam dealbhachaidh a nuadhachadh. Tha sinn a-nis ag obair còmhla ri feadhainn eile a tha an sàs, gu h-àraidh na buidhnean poblach eile mar SEPA agus Alba Eachdraidheil, gus dèanamh cinnteach gu bheil ar comhairle nas ro-innleachdail, ann an àm nas fheàrr agus far a bheil e comasach, tha sinn a' brosnachadh chòmhradh còmhla ri luchd-leasachaidh mus cuirear tagradh a-steach. Fhad 's a tha sinn a' dèanamh deagh adhartas chun a' chinn-uidhe seo, tha àite againn fhathast ann a bhith a' toirt luaidh tagraidhean planaigh far a bheil buaidh shònraichte air an àrainneachd agus ann an 2008/09 thug sinn comhairle air 2385 cùisean, ged a tha ar poileasaidh air tighinn eadar ro-innleachdail còmhla ri lùghdachadh san fharsaingeachd san eaconamaidh, air toradh de chòrr is 20% a thoirt an coimeas ris a' bhliadhna roimhe.

B' e cuideachadh eile dha riaghladh seasmhach an dualchais nàdair a bha ann an cuideachadh SNH a thaobh rianachd Prògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba. A dh'aindeoin beagan thrioblaidean air am feumadh dol thairis, bha duais anns an dùbhlán seo aig a' cheann thall, an dà chuid a thaobh nam buannachdan airson na h-àrainneachd a chaidh a choileanadh agus meud a' mhaoin a chaidh a chur an sàs. Chuir àireamh mòr de thagraidhean ri bith-iomadachd agus/no amasan staid fhàbharach, agus feadhainn eile a' gabhail a-steach amasan a thaobh na h-àrainneachd airson rianachd fearainn le leasachadh an eaconamaidh dhùthchail.

## Tha am prìomhachas seo a' cur ri na Builean Coileanaidh Nàiseanta a leanas

Tha sinn a' fuireach ann an Alba, an t-àite as tarraingiche airson a bhith a' dèanamh gnothachas san Roinn Eòrpa.

Tha sinn a' toirt gu buil ar comas eaconamach le cothroman obrach dhar daoine a tha nas lionmhoire 's nas fheàrr .

Tha sinn air ar h-oideachadh nas fheàrr, nas sgileil agus nas soirbheachail, le cliù airson ar rannsachadh agus innleachd.

Tha sinn air dèiligeadh ri neo-ionannachd sònraichte nar comann-sòisealta.

Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às ar n-àrainneachd thogte agus nàdarrach agus tha sinn ga dìon agus a' toirt feabhas oirre dha na ginealaichean ri teachd.

Tha sinn air a bhith an sàs gu gnìomhach ann an iomairt an Rìghaltais gus buannachdan eaconamach agus àrainneachdail aig cumhachd ath-nuadhachail a ghlacadh, a' cur barrachd stòrasan an sàs gus a bhith cinnteach gu bheil sinn comasach air an dà chuid a' chomhairle as fheàrr a thoirt airson na h-àitean as fheàrr airson tagraidhean cumhachd ath-nuadhachail, air tìr agus a-mach bho thìr, agus freagairt èifeachdach a thoirt don àireamh mhòr de thagraidhean an-dràsta. Tha tagraidhean airson tuathanasan gaoithe air tìr fhathast sa phrìomh àite nar cùisean obrach a thaobh cumhachd ath-nuadhachail le tagraidhean an dà chuid airson tuathanasan gaoithe ùra agus leudachadh tuathanasan gaoithe. Tha tabhartasan airson sgeamachan dealan-uisge beaga a' meudachadh ach tha am meudachadh as motha ann an gnìomhan air a bhith a-mach bho thìr, le tagraidhean airson 12 tuathanas gaoithe mòr a-mach bho thìr gan ullachadh. Tha sinn cuideachd a' dèiligeadh ri àireamh de thagraidhean a tha a' sìor fhàs airson leasachaidhean thonn agus tìde-mhara agus tha sinn ag obair còmhla ri Rìghaltas na h-Alba agus buidhnean eile gus taic a thoirt dhan ghnìomhachas seo a tha a-nis a' togail ceann. Gu h-iomlan, dhèilig sinn ri 600 cùisean ath-nuadhachail ann an 2008/09, an àireamh as motha a bh' againn riamh agus àrdachadh 20% air a' bhliadhna roimhe. Aig deireadh 2008 thàinig sinn gun cho-dhùnadh gum feumadh sinn 6 luchd-obrach a bharrachd fhastadh airson obair air cumhachd ath-nuadhachail na mara agus taic a thoirt dhan earrann chudromach seo agus bidh ar luchd-obrach ùr deiseil airson tòiseachadh tràth ann an 2009/10.

Tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith a' lùghdachadh an àireamh choimhearsnachdan ann an Alba a chaill cothroman air sgàth droch riaghladh den àrainneachd ionadail aca. Tha sinn a' toirt taic làidir do phlanadh agus riaghladh ann an àitean uaine anns na ceàrnaidhean mun cuairt air bailtean mòra agus mòr-bhailtean, agus air cuir ris an tasgadh ann an lionraidhean uaine, a tha ag amas air earrannan a tha feumach air ath-nuadhachadh.

Tha a bhith a' cur àitean rim faighinn ach an cuir luchd-tadhail eòlas nas fheàrr air an dualchas nàdarraich na chùl-taic dhìreach dha turasachd: tha sinn a' faicinn cothrom mòr airson seo a leudachadh. Ged a tha a' chuid mhòr de ar n-obair air turasachd air a bhith aig ìre planaidh agus ro-innleachd, tha sinn air tasgadh sònraichte a dhèanamh nar Tèarmannan Nàdair Nàiseanta fhèin a' cur a-mach pròiseact nan Ìrean, a bh' air bun ìre cumanta airson solarachadh luchd-turais aig a h-uile NNR ro 2011.

Tha prìomh àite aig SNH ann a bhith a' cuideachadh an Rìghaltais ag ullachadh reachdas airson planadh farsaing san àrainneachd mhara agus stèidheachadh Uisgeachan mara na h-Alba (Marine Scotland). Mar phàirt den obair seo tha sinn air frèam ro-innleachdail a stèidheachadh airson cultar-uisge agus air Rìghaltas na h-Alba a chuideachadh a' leasachadh ro-innleachd airson cumhachd ath-nuadhachail na mara.

# Prìomhachas 5: A' libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'inbhe àrd

## Na builean a tha sinn a' sireadh ri choileanadh:

- Buidheann èifeachdach, buadhach agus mothachail
- Sàsachadh agus luach do luchd-ceannach
- Seirbheisean sgiobalta agus ruigsinneach ann an co-obrachadh le buidhnean eile
- Ar luchd-obrach a' libhrigeadh aig an ìre as fheàrr agus daonnan ag ionnsachadh mar a ni iad nithean nas fheàrr
- Buidheann uaine

## Na tha sinn air a libhrigeadh

Sa bhliadhna chuir sinn crìoch air agus chuir sinn air bhog ar Ro-innleachd Corporra, agus leudaich sinn siostam Planadh Gnothachais gus aithris nas fheàrr a thoirt air ar Coileanadh. Tha sinn dealasach a thaobh a bhith nar buidheann èifeachdach, buadhach agus mothachail agus gus ur luchd-obrach a bhith an sàs airson seo a choileanadh. Tha eòlas agus sgil ar luchd-obrach nam prìomh mhaoin sa bhuidheann. Mar phàirt de ar dealas a thaobh trèanadh ar luchd-obrach agus eile, leasaich sinn goireasan air Ionad Battleby far a bheil sinn a' tabhann trèanadh dhar luchd-obrach agus aoigheachd airson iomadh tachartas Roinn an Deagh Chleachdaidh. Tha atharrachadh riatanach dha buidheann sam bith agus tha SNH air leantainn air a' toirt feabhas air a mhodh-obrach a' cleachdadh dòighean leasachaidh gnothachais foirmeil. Sa bhliadhna chuir an t-àrd-oifigear air chois blog agus san fharsaingeachd fhuair SNH moladh ann an aithisg Creideas nar Cosnaichean 2008 airson a stoidhle stiùiridh fosgailte.

B' e prìomh choileanadh a bh' ann airgead de luach £8.46m fhaighinn. Chaidh a' chuid mhòr dhen sin fhaighinn tro bhith a reic Barraid Hope. Chaidh an £2.19m de na h-èifeachdasan airgid a tighinn thairis gu mòr air an targaid de £1.27m agus thèid a thoirt air adhart airson a chur an aghaidh targaid de £2.55m a' Phrògram Riaghaltais Èifeachdaich (EGP) 2009/10. Tha sinn misneachail gun lean sinn a' comharrachadh èifeachdasan eile, ged a tha na figearan airson 2010/11 fhathast nan dùbhlán.

Tha e cudromach dhuinn gu bheil ar luchd-cleachdaidh a' faighinn deagh sheirbheis agus tha sinn moiteil gun tug sinn leasachadh air ar coileanadh mu choinneamh figear na bliadhna an-uiridh a bha creideasach mu thràth, ged a tha sinn fhathast ag amas nas àirde. Tha sinn dìongmhalta ar conaltradh leis a' phoball a leasachadh oir tha seo riatanach airson daoine a dhol an sàs ann a bhith a' gabhail tlachd agus a' gabhail cùram de nàdair. Rè na bliadhna chuir sin crìoch air ar ro-innleachd conaltraidh agus dh'fhoillsich sinn a' chiad dà eagra de ar n-iris ùr 'Nature of Scotland'. Tha seo a' gabhail àite grunnan dhòighean conaltraidh nach robh cho èifeachdach agus tha sinn mu thràth air bun-àite sgaoilidh mòr a stèidheachadh. Gus taic a thoirt dhan seo tha sinn air stòr-dàta luchd-ceannach ùr a thogail.

Tha sinn nar com-pàirtichean dealasach taobh a-staigh teaghlach nan SEARS (Seirbheisean Àrainneachd agus Dùthchail na h-Alba). Fon sgàilean seo tha àite gnìomhach air a bhith againn ann an grunnan phròiseactan dealbhaichte airson seirbheisean nas sgiobalta agus nas ruigsinneach a libhrigeadh. B' e aon thaobh den seo a bh' ann an cuir air bhog iomairt "One Door Any Door", a' toirt cead dha luchd-ceannach am fiosrachadh ùrachadh agus comhairle fhaighinn le bhith a' cur fios gu gin de chom-pàirtichean SEARS. Chuir sinn cuideachd air dòigh co-shuidheachadh ann an Goillspidh ann an togalach air a stiùireadh le SNH anns a bheil grunnan bhuidhnean eile.

Tha e riatanach do bhuidheann èifeachdach dèanamh cinnteach gu bheil ar luchd-obrach a' dèanamh cho math 's a ghabhas agus gu bheil iad a' sior ionnsachadh mar a ni iad nithean nas fheàrr. Dhearbh sinn gu soirbheachail ar Siostam Stiùiridh Coileanaidh ùr agus thug sinn a-steach siostam ùr air aithisgean coileanaidh thar na buidhne. Thug seo fiosrachadh stiùiridh nas

## Tha am prìomhachas seo a' cur ri na Builean Coileanaidh Nàiseanta a leanas

Tha sinn a' lùghdachadh buaidh ar caitheamh agus dèanamh air an àrainneachd ionadail agus cruinne.

Tha ar seirbheisean poblach de dh'inbhe àrd, a' sior dhol am feabhas, èifeachdach, agus a' dèiligeadh ri iarrtasan an t-sluaigh ionadail.

fheàrr agus nas luaithe a thuilleadh air ar cuideachadh a' dèanamh cinnteach gun robh am buidheann a' cuimseachadh gu dlùth air a' phrìomhachasan ro-innleachdail. Choilean sinn lùghdachadh mòr ann an cosgaisean agus lùghdaich sinn an ùine airson luchd-obrach fhastadh tro shiostam fastaidh ùr, agus thug siostam HR ùr barrachd fiosrachadh stiùiridh air ar goireasan daonna. Rinn sinn sgrùdadh luchd-obrach eile agus ged a bha e brosnachail san fharsaingeachd, nochd e uallaichean luchd-obrach agus tha sinn air ceumannan a ghabhail gus dèiligeadh riutha seo. A thuilleadh air an sin ghabh sinn ri agus sgaoil sinn cunntas air luachan na buidhne. Mar phàirt de ar n-obair ann a bhith a' cur aghaidh air ar n-uallaichean airson co-ionannachd agus iomadachd rinn sinn aithris air adhartas tro gach aon de aithisgean bhliadhnail na sgeama agus chaidh leasachadh agus deuchainn a dhèanamh air uidheam measaidh bhuidhean co-ionannachd.

Iain Jardine  
Àrd-oifigear

**[www.snh.org.uk](http://www.snh.org.uk)**

Cover photo: Sea Kayaking at Plockton  
Photographer: Lorne Gill/SNH  
Images: Lorne Gill/SNH

ISBN 978-1-85397-592-9

Printed by: JTCP0.350K0909  
Further copies available from: Publications Distribution,

Scottish Natural Heritage, Battleby, Redgorton, Perth PH1 3EW  
This publication is also available as a pdf on the SNH website.



Paper: this publication is printed on Arctic Volume High White. This paper contains materials sourced from responsibly managed and sustainable forests, certified in accordance with the FSC (Forest Stewardship Council).



When you have finished with this publication please recycle it. Dispose of it at your local waste-collection point or pass it to another reader.





**Scottish Natural Heritage**  
**Dualchas Nàdair na h-Alba**

All of nature for all of Scotland  
Nàdar air fad airson Alba air fad